NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2020 | 1 | AM MÀRT

Facal Toisich

Ged nach robh e nar beachd nuair a bha sinn ag ullachadh na h-irise, tha teicneolas agus sgrìobhadh an lùib deagh chuid de na h-earrannan anns an àireamh seo de Na Duilleagan Gàidhlig. Chì sibh mar a tha clann ann am Beàrnaraigh Mòr a' cleachdadh an eadar-lìn ann a bhith a' moladh an Tighearna, beagan mun Bhìoball air loidhne, beagan mun fhear a sgrìobh le làimh fhèin, le peann air paipireas, na faclan a labhair Pòl, agus beagan mun fhacal logos (anns a' cholbh don luchd-ionnsachaidh).

Ann an sin, chì sibh mar a tha teicneolas air a bhith ag atharrachadh thairis air na linntean, agus mar a tha na dòighean anns am bi daoine a' sgrìobhadh agus a' leughadh ag atharrachadh cuideachd. No, smaoinich air an ùrnaigh a thagh sinn, a thog Alasdair MacGilleMhìcheil on bheul-airthis, agus a chuir e ann an clò ann an leabhar mòr trom, agus gu bheil sibh a-nise ga leughadh air bileag, no air sgrìon ann an cruth digiteach – 's e an aon ùrnaigh a th' ann, leis an aon bhrìgh, ged a chaidh fhoillseachadh ann an caochladh chruth thairis air còrr is ceud bliadhna.

Ach tha aon rud ann nach eil ag atharrachadh idir: eadar peann is sgrìon, eadar làmh-sgrìobhainnean agus app air fòn-làimh, eadar leabhar ann an clò agus Twitter, tha Facal Dhè fhathast a' labhairt rinn. Ge b' e an teicneolas, tha an guth ciùin, caol (1 Rìghrean 19: 12) fhathast ri chluinntinn, ma tha sinn ag èisteachd ann an da-rìreadh, le ùrnaigh agus le cridhe a tha fosgailte dhan Tighearna.

Aig amannan tha e doirbh an guth sin chluinntinn, no fois agus sìth fhaighinn anns an latha airson tìde a chur seachad le Dia, agus le Fhacal. Aig àm sgrìobhaidh, le teintean uabhasach a' dèanamh sgrìos cha mhòr do-chreidsinneach ann an Astràilia, cogaidhean agus tuairisgeul chogaidhean ann an Loràn agus àiteachan eile, agus strì agus ùpraid a' dol gun sguir anns an rìoghachd seo fhèin, tha e furasta a bhith air ar cur fodha le iomagain agus troimh-chèile – agus sin gun ghuth air obair, no trioblaidean slàinte, no trioblaidean nar beathannan pearsanta.

Ach 's ann anns na h-amannan sin, agus na trioblaidean sin, a bhios sinn gu sònraichte feumach air èisteachd ri Facal Dhè. Tha fhios agam fhìn gur ann iomadh turas a thachair e gun robh mi air thuar a bhith bàite ann an obair agus dleasdanasan agus rudan eile, agus gun d' fhuair mi faochadh thar gach uile thuigse ann an earrann anns na Sgriobtairean: Bithibh sàmhach, agus tuigibh gur mise Dia, tha an Tighearna ag ràdh rinn (Salm 46: 10). Gum biodh sinn uile ag èisteachd ri sin, ann an sàmhchair agus ann an sìth, agus gum biodh sinn a' coiseachd tro na h-amannan seo, a tha dorcha ann an iomadh dòigh, le Facal Dhè mar lòchran dar cois agus mar sholas dar ceum.

A' guidhe gach beannachd oirbh,
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

Dealbh

© Nick Birse, air a chleachdadh fo chead CC

Seo doras Manachainn Obar Bhrothaig, ann an Sgìre Aonghais, far an deach Foirgheall Obar Bhrothaig, air neo 'Litir le Morairean na h-Alba chun a' Phàip Eòin XXII', a shoidhneadh air 6 Giblean 1320. Am bliadhna, bidh rìoghachd na h-Alba a' comharrachadh 700 bliadhna o chaidh an litir a sgrìobhadh agus bidh am foirgheall ri fhaicinn ann an Taighean-tasgaidh na h-Alba airson na ciad uarach ann an 15 bliadhna.

B' e àite gu math cudromach a bh' anns an abaid seo, air a stèidheachadh leis an Rìgh Uilleam Garbh mac Eanraig (1142-1214) agus b' i a bu bheartaiche san rìoghachd aig aon àm, le taic on chrùn. Chaidh an abaid o fheum aig àm an Ath-leasachaidh agus tha i an-diugh ann an cùram Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba.

A Dhìth: Searmonaichean Ùra

Tha fios againn uile gu bheil e na dhùbhlan mòr do dh'Eaglais na h-Alba a bhith a' lorg agus a' trèanadh mhinistearan agus shearmonaichean eile (leughadaire-an, OLMs agus diaconan), agus tha sin gu sònraichte fìor a thaobh shearmonaichean aig a bheil a' Ghàidhlig. Ag aithneachadh an dùbhlain, agus na cnapan-starra a bh' ann do chuid, tha an eaglais ag atharrachadh a' phròiseis aithneachaidh (*discernment process*), agus tha barrachd fiosrachaidh ri lorg air làrach-lìn Eaglais na h-Alba: https://www.churchofscotland.org.uk/serve/vocations/first-steps

Tha sinn cuideachd a' smaoineachadh air daoine le Gàidhlig a tha a' faireachdainn gu bheil Dia gan gairm dhan mhinistrealachd, no a bhith an sàs ann an searmonachadh Facal Dhè ann an dòigh eile. Tha fhios againn gu bheil feum aig cuid aig beagan taic a bharrachd – mar eisimpleir an fheadhainn aig a bheil deagh Ghàidhlig, ach nach eil buileach misneachdail le "Gàidhlig na Cùbaide", no a tha a' faireachdainn nach eil an cuid gràmair math gu leòr airson a bhith a' searmonachadh. Tha sinn a' feuchainn ri goireasan agus taic a chruthachadh gus searmonaichean ùra a chuideachadh.

Ma tha sibh a' cluinntinn gairm Dhè gus a Shoisgeul a shearmonachadh anns a' Ghàidhlig, agus tha sibh ag iarraidh comhairle agus taic ann a bhith a' cur ris a' mhisneachd agus ris a' chomas agad, nach sgrìobh sibh gu Donnchadh Sneddon, Oifigear Leasachaidh Eaglais na h-Alba, aig sneddon.duncan@gmail.com. Nuair a tha sinn a' tuigsinn an t-seòrsa taice a tha a dhìth air searmonaichean ùra gu mionaideach, tòisichidh sinn air an obair lìbhrigidh.

Gàidhlig Shìmplidh

Tha earrann ainmeil aig toiseach Soisgeil Eòin, ag ràdh, *Anns an toiseach bha am Facal.* Air an dàrna làimh, tha sin a' coimhead air ais gu toiseach a' Bhìoballl, far a bheil sinn a' leughadh gun do chruthaich Dia na nèamhan agus an talamh ann a bhith a' labhairt, .i. tro Fhacal. Ach ged a tha e soilleir gun robh Eòin glè eòlach air Genesis agus na Sgriobtairean Ùdhach, a rèir coltais bha e reusanta eòlach air feallsanachd Ghreugach cuideachd. Bha feallsanaich, leithid Aristotle, a' cleachdadh am facal *logos*, chan ann a-mhàin airson "facal", ach airson "còmhradh", no "deasbad", no "seanchas", cuideachd. Mar sin, ann an dòigh, tha beatha, ministrealachd, bàs agus aiseirigh Ìosa caran coltach ri còmhradh eadar Dia agus sinne air an talamh – còmhradh a thòisich nuair a thuirt e *Biodh solas ann*.

An-diugh, tha an còmhradh sin fhathast a' dol. Ma tha sinn airson guth Dhè a chluinntinn, tha e ri lorg anns a' Bhìoball. Agus 's e an aon guth a th' ann an-diugh 's a bha e nuair a sgrìobh Eòin a Shoisgeul. Ma tha thu a' leughadh a' Bhìoballl ann an clò, no air loidhne (tha e ri faotainn ann an Gàidhlig aig https://www.bible.com/en-GB/languages/gla), no ag èisteachd ri cuideigin eile ga leughadh, cuimhnich gu bheil thu ag èisteachd ri guth Dhè, agus ri còmhradh na beatha.

Beagan cuideachaidh:

Air an dàrna làimh – *on the one hand (lit. on the second hand)*
a-rèir – *according to (puts the noun in the genitive case)*
feallsanachd – *philosophy*
feallsanaich – *philosophers*
aiseirigh – *resurrection*
aon – *can be "one", but here means "same"*
ga leughadh – *reading it*

Cò a bh' ann an... Tertius?

Chan eil an t-ainm "Tertius" a' nochdadh ach aon turas sa Bhìoball, anns an Litir a-chum nan Ròmanach: *Tha mise Tertius, a sgrìobh an litir seo, a' cur fàilte oirbh anns an Tighearna* (Ròmanaich 16: 22). Tha cuid den bheachd gur e Silas (caraid Phòil ann an Gnìomharan nan Abstol) a bh' ann, air sgàth 's gu bheil *shalish* ann an Eabhrais a' ciallachadh "an treasamh", dìreach mar a tha *tertius* ann an Laideann, ach chan eil sin idir cinnteach. 'S ainm cumanta do thràillean a bh' ann an Tertius, agus ged a tha cuid

a' smaoineachadh gur e tràill aig Gaius a bh' ann (bha Pòl a' fuireach aig taigh Ghaiuis aig an àm, Ròmanaich 16: 23), bhiodh e gu math annasach nan robh tràill a' cur na fàilte aige fhèin ann an litir. Mar sin, tha e comasach gur e tràill a chaidh a shaoradh a bh' ann. Chan eil fhios againn cuin a dh'iompaicheadh e, ged-tà.

Leis gu bheil e a' cur fàilte air na Crìosdaidhean anns an Ròimh agus a' cleachdadh ainm fhèin, tha e coltach gun robh iad ga aithneachadh, agus gur e Ròmanach a bh' ann (fear de na h-Iùdhaich a chaidh air fògradh bhon Ròimh, mar a bh' ann an Acuila agus Priscila? Gnìomharan 18: 1 – 4). Co-dhiù, bha e còmhla ri Pòl, ag obair mar sgrìobhaiche, a' sgrìobhadh na bha Pòl ag ràdh (b' e sin an dòigh àbhaisteach airson sgrìobhadh aig an àm – neach ag aithris na bha aca ri ràdh, ach neach eile a' sgrìobhadh). Tha seanchas na h-eaglaise tràtha ag winnse gur e easbaig a' bhaile Icononium (Konya an-diugh, anns an Tuirc) a bh' ann às dèidh seo, agus gun do bhàsaich e mar mhartair, ach chan eil guth air sin anns na Sgriobtairean.

Chan eil mòran eòlais againn idir air, ach nuair a tha sinn a' leughadh na litreach iongantaich seo, b' fhiach e smaoineachadh gun tàinig e thugainn tro làimh agus o pheann Thertiuis, am fear a bha – a rèir coltais – na thràill aig aon àm. Rinn e obair ionmholta a' cuideachadh Phòil leis an litir chudromach, phrìseil seo.

Naidheachdan

Molaidh Mi E

Ann am Beàrnaraigh Mòr tha clann a' cleachdadh a' chànain aca agus an teicneolais as ùire gus an Tighearna a mholadh air loidhne. Tha am buidheann, air a bheil "Molaidh Mi E" – fo stiùir an Urr. Uisdean Stiùbhart – a' coinneachadh ann an talla eaglais Bheàrnaraigh, far a bheil iad a' seinn agus a' clàradh bhideothan, a' cleachdadh a' bhanna-leathain fhìor-luath a tha ri fhaotainn san eilean a-nis. Le taic bho MG Alba, Comataidh Gàidhlig Eaglais na h-Alba agus Comann na Gàidhlig, rinn iad bhideo a' seinn "Oidhche Shàmhach" aig àm na Nollaige – a tha ri fhaicinn an-seo: https://www.youtube.com/watch?v=mAkSdyQ2xtw. Is math a rinn a' chlann, agus tha sinn an dòchas gun cluinn sinn barrachd bhuapa san àm ri teachd.

Co-labhairt

Air Disathairne an 28mh dhen Mhàirt, bidh Eaglais na h-Alba a' cumail co-labhairt, "An Ath Cheum", ann an Glaschu. A' coinneachadh aig an Ionad Renfield (aig Eaglais St Andrew's West, no Renfield St Stephen's mar a tha aig cuid oirre), bidh òraidean agus bùthan-obrach ann, a' coimhead air leasachadh àite na Gàidhlig ann an Eaglais na h-Alba, agus mar a tha sinn a' dol a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gus an Soisgeul a shearmonachadh a' dol air adhart. Bidh barrachd fiosrachaidh ri fhaotainn air làrach-lìn Eaglais na h-Alba, agus nì sin aithris air a' co-labhairt san ath àireamh de *Na Duilleagan Gàidhlig*.

Am Bìoball air loidhne

A-rèir Comann Bhìoball na h-Alba, tha còrr is 300 duine a' cleachdadh a' Bhìobaill Ghàidhlig air loidhne gach mìos. Tha Am Bìoball Gàidhlig (1992), An Tiomnadh Nuadh anns an Eadar-Theangachadh Ùr (2017) agus tionndaidhean eile rin lorg aig https://www.bible.com/en-GB/languages/gla, agus faodar an leughadh air coimpiutair no mar app air fòn-làimhe no tablaid, le roghainn air earrannan goirid a leughadh gach latha. Tha na Sgriobtairean rin lorg ann an còrr is 900 cànan air bible.com, Gàidhlig na h-Èirinn agus Gàidhlig Eilean Mhanainn nam measg.

Na Meadhanan Sòisealta

Tha Eaglais na h-Alba a' cur air dòigh chunntasan Gàidhlig air na meadhanan sòisealta. Chan eil iad "beò" fhathast aig àm sgrìobhaidh, ach nuair a tha iad ann, bidh iad a' sgaoileadh naidheachdan, ùrnaighean, earrannan Sgriobtair agus rudan eile dhen leithid do luchd na Gàidhlig air loidhne.

Ceartachadh

An-uiridh, anns *Na Duilleagan Gàidhlig* san t-Sultain, chleachd sinn dà rann bhon laoidh "Gràdh Dhè", agus thuirt sinn gur e laoidh gun urra a bh' ann. Tha sinn taingeil do Chathy Mhoireasdan airson ar cur ceart – 's e Cairistiona Mhoireasdan bho Sgalpaidh na Hearadh a rinn an laoidh bhòidheach sin anns an 19mh linn.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Bàrdachd

Le Liam Alastair Crouse

Nach cluinn thu an ceòl ud a dheònaicheas gràdh Dhè?
O èist ris an laoidh tha gun chaochladh gun àicheadh:
An osag na gaoithe thar aodann nan àrd-bheann,
An gàirich a' chuain tha bith-bhuan air na tràighean.

Le spiorad na Cruitheachd gu ciùin anns an àite
Tha tighinn fa-near dhomh mar bheannaich gu gràdhmhor
Am brìdean thug dìon don mhac, Ìosa, o nàmhaid –
Rìgh Herod 's an t-eachraidh – fon fheamainn Ga fhalach.

Oir b' fhada is cian bha an Trianaid na làthair
An ceàrnaidhean tuath air an cuairtich an sàile;
Tha eachdraidh na Crìosdachd gu dìomhair san àrainn
Mar neamhnaid co-shìnte ri mìorbhailean nàdair.

O stèidhicheadh tràth ann nuair thàinig an cràbhach,
Air taisteal gu crìochan na rìoghachd fo aidmheil,
Chuir Coinneach air leathad an eaglais an càradh
Gu sgaoileadh na fàisneachd aig fàidhean air Pàrras.

An Soisgeul rinn fàs às an làrach sa bhàgh ud,
An làthair na Trianaid bha riamh anns na h-àirdean:
Fo sgàil na Beinn' Mòire a' còmhnaidh le 'gràsan -
Mar chaithris an Aoin air A chaoraich gun fhàilneadh.

Tha sòlas na sìthe san tìr seo a' còmhnaidh,
Le beannachd an Triath a tha riarachadh dòchais,
O mhullach nam beanntan gu gleanntan ar n-eòlais,
Tha m' anam gu mùirneach an ùmhlachd Do thròcair'.

Adhbhar Gàire

Bha mi ann an Ceap Breatainn an-uiridh, turas a chòrd na h-uiread rium. Bha aithris èibhinn aig Màiri Sìne Laomaind, à Ontario o thùs le ceanglaichean làidir ri Ceap Breatainn, air dhi cluinntinn na Gàidhlig nuair a bha i beag, cànan nach robh aice na h-òige. Bhiodh i a' falbh a Cheap Breatainn tric a dh'fhuireach còmhla ri a seann-phàrantan, a bhiodh a' dol dhan eaglais gach Didòmhnaich. Chluinneadh Màiri Sìne chòir an cànan - nach aithnicheadh i ga bhruidhinn - ach a-mhàin am measg nan seann daoine air taobh a-muigh na h-eaglaise. Bha i ag innse dhuinn gun robh i dhen bheachd nach b' i a' Ghàidhlig a bha i a' cluinntinn, ach cànan dìomhair na h-Eaglaise!

Ùrnaigh

Dhè, stiùir mi le d' ghliocas,
Dhè, smachd mi le d' cheartas,
Dhè, fòir mi le d' thròcair,
Dhè, comh'n mi le d' chumhachd.

Dhè, lìon mi le d' lànachd,
Dhè, dìon me le d' sgàileachd,
Dhè, lìon mi le d' ghràsachd,
Air sgàth do Mhic Unga.

Ìosa Crìosda a shìol Dhaibhidh,
Fear-tathaich an teampuill,
Uan-ìobairt a ghàraidh,
A bhàsaich air mo shon.

(Bho Carmina Gadelica, leabhar I)